

Bòrd MG ALBA

15 agus 16/6/21

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnallach (sa Chathair); Marion Nic na Ceàrdaich; Donaidh MacAmhlaidh  
Ceit Anna NicLeòid, Iain Stephen Moireasdan, Iain Mac a' Mhaoilein, Lisa Annette,  
Rhoda NicDhòmhnaill, Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)  
Nevil Lee [NL] (Stiùiriche Ionmhais Eadar-amail)  
Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)  
Ealasaid Dhòmhnallach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
Ross Christie (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach [MM] (Ceannard Seirbheis BBC ALBA) – airson puing 14

Mus do thòisich a' choinneimh bha cothrom aig buill cluinntinn bho Bhòrd na Gàidhlig mu na dhleastanasan na buidhne agus an obair a bha san amharc dhaibh is iad ag ullachadh an ath phlana nàiseanta a thèid fhoillseachadh ann an 2023. Lean còmhraidh neo-fhoirmeil as dèidh làimh le Màiri NicAonghais (Cathraiche), Shona NicIllinnein (Ceannard) agus Daibhidh Boag (Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd).

Thug am bòrd taing dhaibh airson an taisbeanadh agus an còmhraidh, a' guidhe gach soirbheas san obair aca agus a' coimhead air adhart ri còmhraidhean leantainneach air a' phlana nàiseanta ùr.

**1. Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin.

**2. Gnothach dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

### **3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh**

- a) 10/3/21 – aontaichte.
- b) Gnothaichean ag èirigh – comharraichte.

3.1 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

3.2 **Gnìomhan:** 1) thèid seisean a chuir air dòigh a thaobh Seanail Neo-eisimileach aig àm freagarrach (**MAMI**); 2) thèid fiosrachadh mun rannsachadh luchd-amhairc nàiseanta a chur air beulaibh a’ bhùird airson an t-Sultain (**IMT**); 3) thèid Frèama-dèanadais fhad-ùine a chuir mar ghnòthach gnàthach dà thuras gach bliadhna, as t-Samhain agus sa Mhàrt, airson adhartas a thomhas (**MAMI**); agus 4) thèid “Scenario planning” a dheasachadh airson an ath choinneamh bhùird, stèidhichte air maoin na buidhne a’ fuireach mar a tha agus a’ dol am meud (**DC**)

### **4. Aithisg an Àrd-Oifigeir agus Sgioba Àrd-stiùiridh**

4.1 Chaidh còmhraidhean a chumail air aithisgean ràitheil nan oifigearan.

4.2 Gu sònraichte, chaidh còmhradh a chumail mun tagradh a chaidh a chur a-staigh dhan DCMS sa Ghearran 2021 airson maoin eachadh bhon Chis Chraolaidh agus mu cuin a bhiodh dùil ri toraidhean an tagraidh sin.

4.3 Chaidh deasbad a chumail cuideachd mun mhaoin a bhathas a’ sireadh airson pròiseact SpeakGaelic a libhrigeadh gu h-iomlan agus chaidh gabhail ris gun biodh e iomchaidh a’ chuspair seo a thaisbeanadh gu sònraichte leis a’ Bhòrd mus rachadh SpeakGaelic a chur air bhog.

4.4 **Co-dhùnadh:** Dhearbh am Bòrd gun do ghabh iad fainear don lèirmheas an Àird-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh agus na h-aithisgean air ìrean coileantachd amasan agus bhuidseatan MG ALBA airson na ràithe suas gu 31 Màrt 2021 agus gu robh na prìomh phuingeann leasachaidh air an comharrachadh agus fo phlana gnìomh.

4.5 **Gnìomhan:** 1) Thèid seisean sònraichte air SpeakGaelic a chur air dòigh mus tèid am pròiseict a chur air bhog san t-Sultain. (**IMT**)

### **5. Comataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean**

5.1 Mhìnich an Cathraiche gun robhas am beachd a’ Chomataidh a thoirt gu crìch ri linn diofar adhbharan, nan luib an uallach obrach a bha air buill agus oifigearan agus gu fàgadh e barrachd cothrom don chòrr den Bhòrd a bhith a’ gabhail pàirt anns na cuspairean a bha thuige seo fo dhleastanas na Comataidh. Bhiodh seo air fhaicinn nas fhaide air adhart air clàr na coinneimh, ann an co-theacsa puing 10: Leasachadh a’ Bhùird.

- 5.2 **Co-dhùnadh:** Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear don gheàrr-chunntas. Dh'aontaich am Bòrd gun tigeadh Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean gu crìch às dèidh na h-ath choinneimh san t-Sultain 2021.

## 6. Comataidh nan Cathraichean

- 6.1 **Co-dhùnadh:** Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear don gheàrr-chunntas bhon choinneimh mu dheireadh.

## 7. Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

- 7.1 Bhruidhinn Cathraiche na Comataidh mu na nithean as motha a bha fo dheasbad aig a'coinneimh mu dheireadh, chur e fèin-mheasaidh na Comataidh airson 2020-21 plana obrach na Comataidh airson 2021-22 fa chomhair a' Bhùrd agus ghluais e, às dèidh measadh a thoirt seachad, gun toireadh am Bòrd sìneadh dà bhliadhna do chùmhnannt Sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh le Saffery Champness.
- 7.2 Chaidh bhruidhinn cuideachd air a' mholadh airson ballrachd na Comataidh a chur suas bho cheathrar gu còignear bhall agus bha aonta air sin. Chaidh bhruidhinn air an fheum a bhiodh ann airson Leas-Cathraiche a chur an sàs airson a' Chomataidh ron t-Sultain air sàillibh gum bi an Cathraiche a tha ann an-dràsta a' fàgail a' bhùird sa Ghiblean 2022.
- 7.3 **Co-dhùnadh:** Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear don gheàrr-chunntas, do fhèin-mheasaidh na Comataidh airson 2020-21 agus dh'aontaich iad ri plana obrach na Comataidh airson 2021-22. Às dèidh cluinntinn bhon Stiùiriche Ionmhais, dh'aontaich am Bòrd cuideachd sìneadh dà bhliadhna a thoirt do chùmhnannt Sgrùdaidh bhon taobh A-muigh le Saffery Champness.
- 7.4 **Gnìomhan:** 1) Thèid Leas-Cathraiche ùr airson a' Chomataidh a chur an sàs. **(DC)** 2) Thèid a' chùmhnannt le Saffery Champness a shìneadh gus gabhail a-steach an Sgrùdadh air Cunntasan Reachdail an dà bhliadhna 2021/22 agus 2022/23. **(NL)**

## 8. Clàr Riosgan

- 8.1 Bha pàipear agus Clàr nan Riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mu dheidhinn. Chaidh deasbad coileanta a chumail. Chaidh a chomharrachadh gu bheil cuid de na riosgan co-cheangailte ri ceistean comais (capacity) agus am beàrn a bha ann eader àrd-amasan na buidhne agus goireasan na buidhne, agus gum b' fhiach iad sin a làimhseachadh mar phrìomhachas.

8.2 **Co-dhùnadh:** Dhearbh am Bòrd gu robh iad riarachd gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-ìomchaidh agus, chun ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gnìomh no le leasachadh. Rachadh bruidhinn nas fhaide air adhart air clàr na coinneimh mu neartachadh na buidhne: puing 12, Feumalachdan Ghoireasan Dhaonna.

## 9. **Maoineachadh agus Riaghlachas**

9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus bhruidhinn DC mu dheidhinn. Chaidh bruidhinn mun pàipear tagraidh a chaidh dhan DCMS a' sireadh mhaoineachadh nach beag a bharrachd, agus mar a tha an t-suidheachadh poiltigeach a' fàgail chùisean mì-chinnteach an-dràsta. Chaidh bruidhinn mu na diofar toraidhean a dh'fhaodadh tighinn a-mach às an tagradh, bho gabhail ris gu h-iomlan no ann am pàirt gu diùltadh gu h-iomlan, agus ciamar a bhiodh MG ALBA a' freagairt gach suidheachadh. Thog an Cathraiche nach robh am maoineachadh a bha a' bhuidheann a' faighinn an-dràsta fiù 's air àrdachadh ann an co-roinn ris an ìre atmhorachd. Thog aona bhall gun robh còmhradh le Ceannard STV mun dearbh shuidheachadh gu math buannachdail agus inntinneach dhaibh.

9.2 Dh'inns' ED gun robh dùil ri fios neo-fhoirmeil bhon DCMS an ath-sheachdain, ach gun chinntig tig co-dhùnadh cruaidh a dh'aithghearr.

9.3 **Co-dhùnadh:** Chomharraich am Bòrd nach robh maoineachadh nam meadhanan Gàidhlig gu leòr airson luchd-cleachdaidh nam meadhanan Gàidhlig a shàsachadh mar is airidh dhaibh, agus cho-dhùin am Bòrd gum bu chòir leantainn ri bhith a' leasachadh na slighean ro-innleachdach gus (a) maoineachadh nas cothromaiche agus (b) suidheachadh riaghlachais nas cinntiche airson nam meadhanan Gàidhlig.

## 10. **Plana Leasachaidh a' Bhùird**

10.1 Chaidh pàipear le molaidhean airson ath-structaradh Chomataidhean a' Bhùird a chur air beulaibh bhuill, agus bha iad riarachd leis, a' leantainn air bhon còmhradh aig puing 5. Chaidh pàipear le molaidhean a thaobh trèanadh a' bhùird a chur air beulaibh bhuill cuideachd agus bha iad riarachd le sin.

10.2 **Co-dhùnadh:** Dh' aontaich am Bòrd ri Plana Leasachaidh a' Bhùird.

10.3 **Gnìomh:** 1) Thèid am Plana Leasachaidh a chur an-gnìomh. [\(MAMI\)](#)

## 11. **Co-cruthachadh ar Saoghal Còmhla**

11.1 Thug ED taisbeanadh seachad air an iomairt a bha a' dol taobh a-staigh MG ALBA agus dh'inns i gun robh coinneamh gu bhith ann leis a' Bhòrd air 21/6/21 agus dh'aontaich iad

bruidhinn air tuilleadh an uair sin, ach bha buill riarachtaiche aig an àm le susbaint an taisbeanaidh.

- 11.2 **Co-dhùnadh:** Chomharraich am Bòrd an obair a bha dol air adhart fo bhratach “A’ Co-chruthachadh ar Saoghal Còmhla”, chuir iad taic ri na gnìomhan gearr-ùine a bhathas a’ moladh agus dhearbhadh iad gun gabhadh iad molaidhean susbainteach mu choinneimh a’ Bhùird aig an ath choinneimh air 28/ 29 Sultain 2021.

## 12. Feumalachdan Ghoireasan Dhaonna

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug DC seachad taisbeanadh mu na bha san amhairc dha MG ALBA a thaobh feumalachdan ghoireasan dhaonna. Bha am pàipear a’ sealltainn far an robh cuideam a’ tuiteam agus a’ moladh diofar fhuasglaidhean, cuid a rachadh air adhart co-dhiù le oifigearan agus aonan a bha feumach air breithneachadh agus aonta a’ Bhùird mus b’urrainn a chur gu gluasad. B’e siud, am bu chòir neartachadh a dhèanamh air an raon-obrach a bha a’ coimhead às dèidh co-mhaoineachadh phrògraman. Bha moladh sònraichte air beulaibh nam ball gum biodh structar formeil air a chur air an obair seo, agus gum biodh fastadh aon neach le eòlas na roinne riatanach. Thug am bòrd moladh dhan phaipear agus taisbeanadh is e am measg nam pàipearan as feumaile a th’ air a bhith air beulaibh a’ bhùird ann an ùine fhada. Thog iad gu bheil iad mothachail air na feumalachdan a tha ann a thaobh comas na buidhne agus bha iad a’ moladh gum faodadh secondments a bhith mar fhuasgladh do chuid de na duilgheadasan. Thog an Cathraiche gu robh e feumail a bhith faicinn leasachadh an tasglann didseatach an luib na h-obrach agus gum b’ urrainn coimhead air ionmhasachadh a dhèanamh leis an tasglann aig MG ALBA ann an dòigh air choireigin.
- 12.2 **Co-dhùnadh:** 1) Dh’aontaich am Bòrd (a) gun cuireadh an Àrd-Oifigear ri chèile moladh airson neartachadh raon obrach cho-mhaoineachaidh agus cho-obrachaidh phrògraman; 2) dh’aontaich am Bòrd gu rachadh ùghdarras a thoirt do Chomataidh a’ Chathraiche os-shealladh a chumail agus stiùir a thoirt às leth a’ Bhùird agus 3) dh’aontaich am Bòrd gum biodh iad air an cumail fiosraichte mu leasachaidhean eile a bheireadh an Sgioba Àrd-Stiùiridh air adhart airson ro-uallach an luchd-obrach a lùghdachadh agus an luchd-obrach a neartachadh airson na dùbhlain agus na cothroman air thoiseach orra.
- 12.3 **Gnìomh:** 1) Thig pàipear chun na h-ath choinneimh airson aonta. (DC)

## 13. Conaltradh luchd-ùidhe

- 13.1 Bhruidhinn ED mu chonaltradh leis na prìomh bhuidhnean as fhaisge air MG ALBA, agus chaidh aontachadh gun rachadh tuilleadh deasbad a chumail mu seo aig puing 17. Chaidh

moladh airson buidheann sganaidh fàire a stèidheachadh agus dh'aontaich buill gur e deagh bheachd a bha seo.

- 13.2 **Co-dhùnadh:** 1) dh'aontaich am bòrd na prìomhachasan compàirteachaidh luchd-ùidh airson na 6 mìosan air thoiseach; chomharraich buill na cothroman conaltraidh; 2) dh'aontaich am Bòrd gu rachadh buidheann sganaidh fàire a stèidheachadh fo ghoistidheachd aona bhall agus le eòlaichean bhon taobh a-muigh.

#### 14. Cùmhnantan airson aire a' bhùird

- 14.1 Mhìnich IMT agus MM na cùmhnantan, an dèidh pròiseas farpaiseach, a bha iad airson a thoirt gu aire a' bhùird, le deasbad mun t-susbaint bho bhuill. Chaidh aontachadh na cùmhnantan a thoirt a-mach. Bha buill mothachail gu robh pròiseas farpaiseach air a bhith ann.
- 14.2 **Co-dhùnadh:** Dh' aontaich am Bòrd ùghdarras a thoirt seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 gus a dhol an-sàs anns na cùmhnantan a leanas:
- 14.3 (a) Comadaidh (le Comedy Unit) aig cosgais [fios glèidhte] san uair (agus [fios glèidhte] airson sgrìobhadh) agus (b) Cèilidh na Bliadhn' Ùire (le BBC MPP) aig cosgais [fios glèidhte] san uair agus airson dà bhliadhna.

#### 15. Cunntasan Reachdail gu 31/3/21 agus Sgrùdadh bhon taobh a-muigh

- 15.1 Thug NL seachad taisbeanadh air na cunntasan reachdail agus, le moladh bho Chathraiche Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, bha buill riarachta leatha. Thog an cathraiche còmhradh mu so-mhaoin fhiosaigeach aig MG ALBA. Thog NL nach robh so-mhaoin fhiosaigeach gu leòr aig MG ALBA airson airgead susbainteach a dhèanamh àsta leis an uiread bheag dhiubh a tha ann, an aois, agus an ìre teicneòlais a tha an sàs ann. Thog an cathraiche an uair sin am feumadh sealladh às ùr a thoirt air ro-innleachd teicneòlais buidhne gus dearbhadh gu bheil e a' freagairt air an lèirsinn aig MG ALBA airson an àm ri teachd.
- 15.2 **Co-dhùnadh:** Dh' aontaich am Bòrd na Cunntasan Reachdail airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021.
- 15.3 **Gnìomhan:** Thèid coimhead air ro-innleachd teicneòlais na buidhne gus freagairt air lèirsinn farsaing MG ALBA. (DC)

#### 16. Aithisg Bhliadhnail gu 31/3/21

- 16.1 Chuir ED an dreach as ùire den Aithisg Bhliadhnail air beulaibh a' bhùird. Chaidh deasbad a chumail mu chuid de shusbaint ann an aithisg a' Chathraiche, agus chaidh aonta a ruighinn mu atharrachaidhean beaga anns a' phàirt sinn mus d' thàinig an còmhradh gu crìch.
- 16.2 **Co-dhùnadh:** Dh'aontaich am Bòrd teacsa na h-Aithisg Bhliadhnail airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021.
- 17. Sgrìobhainn airson foillseachadh; i. Lèirsinn; ii. Plana Corporra 2021-24; iii. Plana Obrachaidh 2021-22; iv. Aithisg Buaidh Eaconamach**
- 17.1 Chaidh deasbad a chumail mun dòigh as fhreagarraiche an *Lèirsinn: Route Map for Gaelic Media* fhoillseachadh. Chaidh còmhradh a chumail mun roghainn a bhith ga fhoillseachadh gu slàn le na figearan maoineachaidh a chaidh gu DCMS no a bhith ga fhoillseachadh às aonais figearan gus aire a chumail air àrd-amasan. Bha buannachdan air gach taobh. Chaidh còmhradh cuideachd a chumail air cuin a b'fheàrr fhoillseachaidh. Bha aonta ann gu robh e riatanach gun cuireadh MG ALBA amas làidir agus shoilleir an cèill san aithghearrachd, agus gu faodadh am pàirt a bha a' deiligeadh le figearan a chur an cèill nuair a bha an t-àm freagarrach.
- 17.2 Chaidh deasbad a chumail air mar as fheàrr a thèid am Plana Corporra 2021-24 fhoillseachadh, leis na h-aon cheistean mu dheidhinn cuin a b'fheàrr fhoillseachadh.
- 17.3 Chaidh deasbad a chumail air mar as fheàrr a thèid am Plana Obrachaidh 2021-22 fhoillseachadh. Thog ball ceist mun teans gum biodh Ofcom a' gabhail dragh mu bhith a' foillseachadh fios mu phròiseactan far a bheil ionmhas fhathast ri thighinn o dhiofar bhuidhnean, agus fhreagair DC nach bu chòir seo dragh adhbharachadh.
- 17.4 Thug NL seachad taisbeanadh air an aithisg bhuaidh eaconamach na buidhne agus bhruidhinn na buill mu thoraidhean na h-aithisg. Bha aonta ann gur e deagh naidheachd a bha na lùib agus gu robh ceistean fhathast rim freagairt a thaobh coimeas ri buidhnean eile. Thog NL a' phuing nach urrainn dhuinn comas a dhèanamh ri cuid de bhuidhnean a tha coltach ri MG ALBA leis gun deach modhan-measaidh eadar-dhealaichte a chleachdadh airson na h-aithisg seo an comas ri cuid eile. Chaidh deasbad a chumail mu chuin agus ciamar a bu chòir an naidheachd fhoillseachadh.
- 17.5 **Co-dhùnaidhean:** 1) dh'aontaich am Bòrd ris an Lèirsinn, Am Plana Corporra 2021-24 agus am Plana Obrachaidh 2021-22; 2) dh'aontaich am Bòrd an Lèirsinn fhoillseachadh aig ìre thràth, seach a bhith a' feitheamh ri Foghair mar a bhathas a' moladh, ach gun a bhith a' foillseachadh nan figearan ionmhasail a bha na chois gus am biodh còmhradhean air an cumail le luchd-ùidhe; 3) dh'aontaich am Bòrd gu rachadh Am Plana Corporra 2021-24 a

làimhseachadh san aon dòigh; 4) dh'aontaich am Bòrd gun rachadh toraidhean a Mheasaidh air Buaidh Eaconamach fhoillseachadh mar a chithear iomchaidh, a-rèir feum.

- 17.6 **Gnìomhan:** 1) Thèid còmhraidhean a chumail fhathast eadar oifigearan agus an sgioba chonaltraidh mu ciamar agus cuin a thèid an Làirsinn fhoillseachadh; 2) Thèid còmhraidhean a chumail fhathast eadar oifigearan agus an sgioba chonaltraidh mu ciamar agus cuin a thèid an Am Plana Corporra 2021-24 agus am Plana Obrachaidh 2021-22 fhoillseachadh; 3) thèid beachdachadh air ciamar as fheàrr a nithear feum à toraidhean an aithisg buaidh eaconamach. (ED)

## 18. Poileasaidh Làthaireachd nam Ball

- 18.1 Chuir DC fàilte ro bheachdan nam ball air mar a bhios cruth nan coinneamhan bùird coltach san àm ri teachd, gu sònraichte a' coimhead air adhart ris an ath choinneimh san t-Sultain. Chaidh dragh a thogail gum feumadh obrachadh air an teicneòlas airson blended meeting style a chur an sàs, ach fhuair am bòrd dearbhadh gu bheil obair a' dol gus sin a chur an sàs gu math.

- 18.2 **Co-dhùnadh:** Dh' aontaich am Bòrd (a) Nuair a bhiodh casg air, no comhairle an aghaidh, siubhail air a thogail gum biodh coinneamhan a' Bhùird gan cumail le dùil gum biodh buill an làthair gu pearsanta; ach (b) gum faodadh buill bho àm gu àm pàirt a ghabhail tro mheadhan chonaltraidh bhidio nam biodh adhbharan pearsanta, slàinte, cosgais no sàbhaladh carbon ann a-rèir stiùireadh a chuireadh am Bòrd fhèin an cèill agus le aonta a' Chathraiche.

## 19. GISBE

- 19.1 Cha robh gin.

## 20. Deit na h-ath choinneimh – 28 agus 29/9/21

- 20.1 Chaidh aontachadh ri deit na h-ath choinneimh ach mhol an Cathraiche cothrom cabadaich is cofaidh a chur air dòigh anns an eadraiginn Deit na h-ath choinneimh.

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: